

## Bòrd MG ALBA

22/9/20 – 23/09/20

Zoom

Dreach geàrr-chunntas

Bòrd:	Ailean Dòmhnallach (sa Chathair)	Marion Nic na Ceàrdaich
	Donaidh MacAmhlaidh	Rhoda NicDhòmhnail
	Iain Stephen Moireasdan	Lisa Annette
	Iain Mac a' Mhaoilein	Màiri Kidd
Luchd-obrach:	Dòmhnall Caimbeul [DC]	Àrd-Oifigear
	Iseabail Nic an t-Sagairt [IM]	Stiùiriche Susbaint Ioma-Ùrlar
	Niall M Greumach [NMG]	Stiùiriche Ionmhais
	Ealasaid Dhòmhnallach [ED]	Stiùiriche Ro-innleachd & Chùisean Thaoibh A-muigh
	Donaidh Dòmhnallach [DMD]	Manaidsear Gnìomhachais
	Uisdean MacLeòid [UM]	Manaidsear Obrachaidhean Teicniseach
	Sarah Dhòmhnallach	Ceumnaiche Intearnach (rùnaire)
An làthair:	Mairead Màiri Mhoireach [MMM]	Ceannard Craoladh Gàidhlig, BBC (5, 11 & 12)
	Ben McLeish [BML]	Wylie & Bissett (airson puing 15)

Chaidh fàilte a chur air na buill agus luchd-obrach.

### 1. Leisgeulan

1.1 Ceit Anna NicLeòid.

### 2. Gnothach dearbhte

2.1 Chaidh a chomharrachadh gu bheil Dùghall MacAmhlaigh air a' bhòrd fhàgail an dèidh ochd bliadhna agus chaidh taing a nochdadh airson a chuid saothair agus comhairle.

### 3. Geàrr-chunntas na coinneimh mu dheireadh

a) **9/6/20** – chaidh a chomharrachadh nach robh ainm Màiri Kidd air a' gheàrr-chunntas mu dheireadh. Dheigheadh seo a cheartachadh.

**b) Gnothaichean ag èirigh**

3.1 Chomharraich DC na nithean a bha dèante.

3.2 A thaobh cùmhnant riochdachaidh spòrs, chomharraich NMG gu bheil an '*cross-company guarantee*' dèante agus gum biodh sgrùdadh air cosgaisean ann ro dheireadh na bliadhna.

3.3 **Co-dhùnadh:** Riarachta.

**4. Aithrisean**

**a) Comataidh Sgrùdaidh & Dearbhaidh (1/9/20)**

4.1 Rinn Cathraiche na Comataidh aithris. Gu sònraichte rinn e mìneachadh air na còmhraidhean a chaidh a chumail mu HR, poileasaidh fastaidh, buaidhean Covid, modailean-obrach sùbailte, uallaichean ùra a tha a' tuiteam air manaidsearan, agus cothromachadh ghnè. Chaidh innse cuideachd gum biodh oifigearan a' cur moladh mu choinneimh na h-ath choinneimh airson Frèam-obrach agus Mapa Dearbhaidh (*Assurance Framework/Map*).

4.2 **Co-dhùnadh:** Comharraichte.

**b) Comataidh Inbhean (2/9/20)**

4.3 Rinn Cathraiche na Comataidh aithris air a' gheàrr-chunntas, agus chaidh iomradh a thoirt air an ainm agus an dleastanas ùr a bha san amhairc. Bhiodh seo fo dheasbad nas fhaide air adhart.

4.4 **Co-dhùnadh:** Comharraichte

**5 Aithisg an Àrd-Oifigeir agus Sgioba Àrd-stiùiridh (a' gabhail a-steach na h-aithisgean ràitheil)**

5.1 Chaidh fàilte a chur air MMM.

5.2 Bhruidhinn DC mu na pàipearan a bha air beulaibh bhall, a' comharrachadh far an robh soirbheas agus dùbhlàn. Mìnich IM ann am barrachd doimhneachd na h-ìrean coileantachd a thaobh luchd-cleachdaidh.

5.3 Chaidh innse le DC gu robh pròifil riosg na buidhne agus pròifil buidseat rudeigin diofraichte na bhiodh san àbhaist, ri linn Covid-19, ach gu robh oifigearan a' measadh gu robh riosgan fo smachd. Dheigheadh barrachd innse sna puingeon a leanadh.

5.4 Bhruidhinn DC mun leasachadh a bhios a' tachairt a thaobh manaidsearan, a thaobh an cruth-atharrachadh a thathas a' toirt air adhart air a' bhuidhinn agus a thaobh a bhith a'

sealltainn cùram do cho-obraichean ann an suidheachadh ùr far a bheil a' mhòr-chuid ag obair aig an taigh.

5.5 Chaidh ceistean a chur le buill mu luach phrògraman, luach FilmG, agus leasachadh obair dràma agus comadaidh.

5.6 **Co-dhùnadh:** Comharraichte.

## **5b Dashboard/KPIs**

5.7 Bhruidhinn DMD air a' phàipear.

5.8 Chaidh a chomharrachadh gu robh fòcas a' bhùird air na prìomh 10 KPIs agus fòcas nan comataidhean aig ìre nas mionaidiche.

5.9 Chaidh ceist a chur a thaobh àireamhan luchd-amhairc nàiseanta, a bha a' sealltainn tuiteam. Chaidh a mhìneachadh gur e dàta bho Faoilleach gu Màrt 2020 a bha ann fhathast airson ruigse nàiseanta, ri linn Covid-19 agus duilgheadasan aig an luchd rannsachaidh le bhith a' trusadh fiosrachaidh air feadh Alba, agus ri linn sin nach robh e soilleir dè an t-suidheachadh nàiseanta airson Giblean gu Ògmhios 2020. Chaidh innse le MMM gu robh dàta ann airson nam mìosan mu dheireadh agus gu robhas ga chur tro dheuchainn airson ìrean earbsachd a mheasadh.

5.10 **Co-Dhùnadh:** Comharraichte.

## **5c BBC ALBA**

5.11 Bhruidhinn MM air a' phàipear.

5.12 Chaidh a chomharrachadh gu bheil cairteal gu math trang agus dùbhlach air a bhith ann, gu bheil àireamhan de luchd-amhairc suas an lùib luchd na Gàidhlig agus air an iPlayer an coimeas ri samhradh-sa chaidh, agus gu bheil an t-uabhas leasachaidh air a bhith a' dol a thaobh libhrigeadh phrògraman ùra agus prògraman goirid. Bha buannachd mòr ann bho na stuthan a chaidh a chruthachadh anns na mìosan ro Covid.

5.13 Chaidh cuideachd a chomharrachadh gu bheil Radio nan Gàidheal air a bhith soirbheachail tro àm Covid, na rudan àbhaisteach air an daingneachadh agus rudan ùra air am foillseachadh.

5.14 Chaidh còmhradh a chumail agus an lùib nam puingean bha deasbad ann mu àireamh de luchd-leantainn aig BBC ALBA air Twitter, agus ciamar a bhathas a' tomhas soirbheas na roinne sin.

5.15 **Co-dhùnadh:** Comharraichte.

## **5d Pasgan Cunntasachd**

- 5.16 Bhruidhinn NMG mun phàipear.
- 5.17 Chaidh an fo-chosg mar bhuaidh Covid-19 a chomharrachadh gu sònraichte.
- 5.18 **Co-dhùnadh:** Comharraichte.

## **6 Covid-19: aithisg agus planadh an t-slighe a-mach**

- 6.1 Bhruidhinn DM mun phàipear le cunntas air na bha Prìomh Mhinistear na h-Alba air a ràdh air an là.
- 6.2 Chaidh na leanas a chomharrachadh: an suirbhidh a chaidh a-mach gu luchd-obrach, an siostam a tha ann airson daoine a bhith ag obair ann an togalach MG ALBA, agus na planaichean airson luchd-obrach ag obair bhon taigh suas gu deireadh a' Mhàirt 2021.
- 6.3 Bhruidhinn DMD mu na prògraman spòrs a tha air ais agus air a' bhuaidh air dràma agus dràma cloinne. Cuideachd chaidh a chomharrachadh gu bheil dòchas ann gum bi an t-airgead fon fo-chosg a dol gu ruige an ath chuairt coimiseanadh.
- 6.4 **Co-dhùnadh:** Riarachtaichte.
- 6.5 **Gnìomhan:** 1) barrachd obair air ciad-fhuasgladh slàinte-inntinn; 2) deuchainnean àitichean-obrach le Manaidsear IT; 3) trèanadh airson manaidsearan agus 4) obair air siostam ùr airson a bhith ag obrachadh nas sùbailte. **(Gnìomh: DMD)**

## **7 Clàr Riosgan**

- 7.1 Mìnich DMD clàr nan Riosgan.
- 7.2 Chaidh na riosgan a tha co-cheangailte ri Covid a chomharrachadh an toiseach. Chumar deasbad mun deidhinn agus mu na riosgan co-cheangailte ri ionmhas fad-ùine agus suidheachadh a' BhBC mu choinneimh nan gearraidhean a tha fo dheasbad an sin.
- 7.3 **Co-dhùnadh:** Thug buill fa-near do Chlàr Riosgan na buidhne.

## **8 Lèirsinn 2026 - dreachd**

- 8.1 Bhruidhinn ED air a' phàipear.
- 8.2 Rinn ED geàrr-chunntas air na rudan a bha a' tighinn an àirde anns na 1-gu-1 coinneamhan a chùim i mun Lèirsinn le mòran luchd-ùidh, luchd-obrach agus buill.
- 8.3 Bha 3 prìomhachasan a' tighinn am bàrr: an fheum airson seirbheis na fheàrr airson (1) daoine òga, (2) luchd-cleachdaidh ùra nam meadhanan Gàidhlig (nan lùib, luchd-ionnsachaidh) agus (3) luchd-cleachdaidh na Gàidhlig a bha cho mòr an urra ri deagh sheirbheis naidheachdan.

- 8.4 Rinn ED geàrr-iomradh cuideachd air na prìomh tèaman a bhiodh a’ ruith tron Lèirsinn – teicneòlas, sàr-mhathas, in-ionmhas agus ùr-ghnàthachas.
- 8.5 Lean deasbad an lùib nam ball. Chaidh a chomharrachadh gu bheil daoine air a bhith a’ tilleadh gu na naidheachdan aig àm Covid agus gu bheil daoine ag iarraidh naidheachdan anns a’ chànan aca fhèin mu dheidhinn na nithean a tha a’ toirt buaidh air an cuid beathannan, agus nach robh sin cho coileanta ‘s a bhiodh a h-uile duine ag iarraidh.
- 8.6 Chaidh aithneachadh dìreach cho cudromach ‘s a tha na meadhanan Gàidhlig airson a’ chànan a bhrosnachadh, chan ann a-mhàin le luchd-ionnsachaidh ach le daoine aig a bheil sgilean Gàidhlig agus nach eil gan cleachdadh cho bitheanta ‘s a dh’fhaodadh iad. Chaidh a ràdh nach robh eadar-dhealachadh eadar fileantaich agus luchd-ionnsachaidh an còmhnaidh feumail – gur e luchd-cleachdaidh a bha annta uile aig diofar ìrean comais. Bhiodh e cudromach gu robh an Lèirsinn a’ freagairt gu daingeann air gach neach agus gach coimhearsnachd.
- 8.7 **Co-dhùnaidhean:** Ghabh na buill ris na prìomhachasan a bha air am beulaibh agus gu robh feum a-nis air an toirt ri chèile.
- 8.8 **Gnìomhan:** 1) thèid bùth-obrach a chuir air dòigh airson deasbad a bharrachd ro dheireadh an Dàmhair agus 2) thèid dreach eile fa chomhair a’ Bhùird aig coinneamh na Samhna.
- (Gnìomh: ED)**

## 9 **Misean, Amas, Luachan**

- 9.1 Bhruidhinn DC mu mar a tha an aithisg a’ feuchainn ri ceistean a fhreagairt mu cò mu dheidhinn a tha MG ALBA agus ciamar as fhèarr a nì na meadhanan Gàidhlig feum airson na Gàidhlig. Chaidh a chomharrachadh gu feum BBC ALBA a bhith farpaiseach airson luchd-coimhid agus aig an dearbh àm a bhith a’ librigeadh iomadh buannachd eile airson na Gàidhlig, an eaconamaidh agus cultar, agus airson maireannachd nam meadhanan Gàidhlig a cheadachadh gu robh feum air poileasaidh agus maoin iomchaidh, a thuilleadh air ìrean àrda libhrigidh.
- 9.2 Lean deasbad an lùib nam ball. Chaidh moladh gum biodh pàirt den aithisg freagarrach airson foillseachadh agus gum biodh pàirt nas fheumaile taobh a-staigh na buidhe.
- 9.3 Chaidh moladh cuideachd gum b’ urrainn dhan aithisg “stòiridh” MG ALBA a dealbhachadh, gus daoine agus buidhnean a mhisneachadh gus tighinn air an aon turas gualain ri gualain, agus gum biodh e riatanach gum biodh am briathrachas teann agus furasta an tuigsinn, mar eisimpleir nuair a bhathas a’ mìneachadh amasan na buidhne.

- 9.4 Às dèidh deagh còmhraidh chaidh moladh bùth-obrach neo-fhoirmeil air a chuir air chois airson buill gus barrachd ùine a chur gu cuspair a bha cho cudromach.
- 9.5 **Co-dhùnadh:** Bha na buill riarachtaichte.
- 9.6 **Gnìomhan:** 1) thèid bùth-obrach a chur air dòigh airson deasbad nas mionaideach (**Gnìomh: MAMI**) agus 2) thèid cumail ris a chlàr-ama gus am bi dreachd deireannach de na pàipearan ro-innleachdail fa chomhair a' Bhùird as t-Samhain (**Gnìomh: DC**)

## 10 Seanail Neo-esimeileach

- 10.1 Chaidh fàilte a chur air UM. Bhruidhinn NMG agus UM mun phàipear a bha a' mìneachadh cosgaisean a bhiodh co-cheangailte ri bhith ruith seanail Gàidhlig, mus e agus gum biodh an t-seanail neo-eisimeileach ach le taic bhon chraoladair nàiseanta, mar a chithear le na seanailean mion-chànanach ann an Èireann agus sa Chuimrigh.
- 10.2 Chaidh bruidhinn mu chosgaisean sgaoidh, a bhith a' gabhail shanasan coimearsalta agus VAT. Chaidh innse gum biodh barrachd obrach mionaideach a dhìth airson cosgaisean a dhaingneachadh nam biodh am Bòrd airson an obair a thoirt air adhart, mar eisimpleir air modh-rannsachaidh na seanail ann an àrainneachd coimearsalta agus a' bhuidhe a bhith a' gabhail shanasan air leithid de sheanail.
- 10.3 Chumar còmhraidh far an do chuir na buill ceistean a thaobh: clàr-ama nam biodh an roghainn seo ri ghabhail; dùbhlain a thaobh cosg agus riosg; a' dèanamh coimeas le Èireann agus a' Chuimrigh; agus sruthan-obrach phoilitigeach a dh'fheumadh a bhith ann.
- 10.4 Chaidh a ràdh gur dòcha nach biodh e riatanach gun gabhadh seanail neo-eisimeileach sanasan coimearsalta, agus thèid coimhead air an sin ann am barrachd doimhneachd nuair a thilleas a' chuspair airson deasbad iomlan sa Ghearran 2021.
- 10.5 **Co-dhùnadh:** Bha na buill riarachtaichte gun deigheadh an tuilleadh rannsachaidh a dhèanamh airson na h-ath choinneimh as t-Samhain agus gun deidheadh deasbad iomlan a chumail aig coinneamh a' Bhùird sa Ghearran 2021.
- 10.6 **Gnìomhan:** 1) bidh fios a bharrachd aig an ath choinneimh, a-rithist airson a chomharrachadh agus 2) bidh pàipear slàn aig coinneamh a' Ghearran 2021 airson deasbad agus co-dhùnadh. (**Gnìomh: NMG**)

## 11 SpeakGaelic

- 11.1 Thug IM geàrr-chunntas agus rinn i mìneachadh air prionnsabalan SpeakGaelic agus na trì eileamaidean a bhios na lùib – cùrsa, an làrach-lìn, agus na meadhanan.

- 11.2 Chaidh a chomharrachadh gum bi SpeakGaelic a' cleachdadh an *Sgeama Cumanta Eòrpa airson Measadh Ionnsachadh Cànan (SCEMIC)* mar a tha sin a mhìneachadh airson Gàidhlig agus airson ìrean A1 gu B2.
- 11.3 Thug MM facal a bharrachd mun phàipear mu cho cudromach 's a tha an co-obrachadh agus cho riatanach 's a tha stuthan ùra ionnsachaidh.
- 11.4 Chumar còmhradh am measg a' Bhùird le ceistean a nochdadh mu: cho cinnteach 's a tha soirbheachas a' phròiseict; mar a dh'obraicheas a' phròiseact ann an saoghal didseatach; brosnachadh an làrach-lìn; cò an neach a bhios os cionn a' phròiseict; am bi cuideigin ann mar aghaidh an iomairt; smachd a thaobh cruthachadh agus co-òrdanachadh; am bi cuideigin a tha a' dèanamh cinnteach gu bheil co-òrdanachadh ann eadar nan diofar pàirtean den cho-bhanntachd ma tha dùil eadar-nàiseanta ann; na targaidean; buaidh is feum airson coimhearsnachdan sa Ghàidhealtachd sna h-Eileannan; an tìotal SpeakGaelic; agus an t-airgead a tha a dhìth airson an iomairt.
- 11.5 Anns na freagairtean, chaidh a chomharrachadh gum bi feum ann airson cùmhnantan teann agus lìbhrigeadh aig ìre proifeiseanta.
- 11.6 Chaidh bruidhinn mu dheidhinn cho feumail 's a bhios frèam-ionnsachaidh agus goireasan cumanta agus gun ceadaicheadh seo an aon chothrom dhan h-uile duine ceumnachadh bho ìre gu ìre tro bhun-structar nàiseanta.
- 11.7 'S e co-bhanntachd a bhios ann ach 's e MG ALBA a bhios mar "mhanaidsear" air a' phròiseict agus a dh'fheumas freagairt air a shon gu h-ionmhasail. Bidh bòrd pròiseict ann gu dèanamh cinnteach gu bheil guth agus buaidh iomchaidh aig gach compàirtiche.
- 11.8 Tha amas ann gum bi na stuthan ri fhaighinn gu h-eadar-nàiseanta.
- 11.9 Bidh e cudromach gum bi e soilleir gum bi rudeigin anns a' phròiseact airson daoine aig a bheil Gàidhlig gu ìrean diofraichte ach aig a bheil feum air sgilean agus/no misneachd gum a bruidhinn.
- 11.10 Bidh am pròiseact a' cruthachadh fianais mu na dùbhlain agus na cothroman, agus thathas an dùil gu nochd feum airson coimhead cuideachd air ionnsachadh le geamaichean, le teicneòlas-guth agus msaa.
- 11.11 **Co-dhùnadh:** Bha na buill a' gabhail ris a' mhodail agus ag aontachadh leis.
- 11.12 **Gnìomhan:** còmhradh le na pàirtearan a thaobh cò bhios a' lìbhrigeadh agus a' co-òrdanachadh a' phròiseict. (**Gnìomh: DC**)

## 12 Cruinneachadh (aggregation)

- 12.1 Thug IM mìneachadh air a' phàipear agus air a' phròiseact agus chaidh deasbad a chumail.

- 12.2 Bidh am modail a’ cur feum air 1) “aggregator”, 2) aplacaid airson a bhith a’ manaidseadh na meadhanan sòisealta, agus 3) neach obrach. Chaidh a mholadh gum bi an t-airgead airson an neach-obrach a’ tighinn bho bhuidseat airson trèanadh agus bhon bhuidseat airson UGC (user-generated content) agus gum bi e ga chumail in-thaigh aig ìre pileat an toiseach.
- 12.3 Thug MM facal mun phròiseact, a’ comharrachadh gu sònraichte gur e ceum gu math adhartach a bhiodh ann.
- 12.4 Bhruidhinn na buill mun phròiseact ,a’ comharrachadh gum bi a’ chiad bliadhna mar dheuchainn airson dealbhachadh plana-obrach airson na h-ath bliadhna, a’ bhuidhe a bhios ann ma tha e a’ fàs às dèidh a’ chiad bliadhna, gum bi neach margaidheachd làn-ùine feumail os cionn a’ phròiseict, agus gum bu chòir dhuinn a bhith a’ feuchainn rudan ùra fhad ’s a tha rudan ag atharrachadh san t-saoghal.
- 12.5 **Co-dhùnadh:** Riarachtaichte.

### **13 Ath-bhuidseatadh 2020-21 (ri linn Covid)**

- 13.1 Bhruidhinn NMG mun phàipear, a’ mìneachadh nam figearan mionaideach agus a’ comharrachadh gu sònraichte an fo-chosg ri linn trèanadh, brosnachadh tàlant, cosgaisean siubhail, oifis agus fòn.
- 13.2 Chaidh na cosgaisean aig SpeakGaelic, LearnGaelic agus Cruinneachadh a chomharrachadh.
- 13.3 Chaidh ceistean a chur a thaobh fòcas aig an ath chuairt de choimiseanadh agus airgead a chosg air leasachadh seach prògraman ùr a dhèanamh. Tha dùil ann gum bi fòcas air prògraman neo-fhicsean agus dibhearsan.
- 13.4 **Co-dhùnadh:** Aontaichte.

### **14 Atharraichean eile sa Phlana Obrachaidh (ri linn Covid)**

- 14.1 Bhruidhinn DC mun phàipear.
- 14.2 Chaidh a chomharrachadh nach eileas ag atharrachadh Plana Obrachaidh 2020-21 ri linn Covid-19, a thuilleadh air na buidseatan ainmichte fo puing 13.
- 14.3 **Co-dhùnadh:** Comharraichte.

### **15 Dleastanas nan Comataidhean**

- 15.1 Chaidh fàilte a chur air Ben McLeish agus rinn e geàrr-chunntas air na pàipearan.
- 15.2 Chaidh a chomharrachadh gu bheil MG ALBA mothachail air na h-atharraichean a tha a’ dol air adhart an-dràsta ann an saoghal nam meadhanan agus gu bheil atharraichean a’ dol air adhart anns an gnothachas airson dèiligeadh ri seo.



- 15.3 Chaidh a mholadh gum bu chòir ainm na Comataidh atharrachadh bho Chomataidh Inbhean gu Comataidh Ro-innleachd & Susbaint airson innse ann an dòigh nas fhèarr na bhios an comataidh a dèanamh.
- 15.4 Chaidh cuideachd a mholadh gum bu chòir ròl a bhith aig a' Chomataidh a thaobh os-shealladh air na diofar dàimhean a th' aig MG ALBA.
- 15.5 Chaidh a mholadh gum bu chòir fòcas a bhith aig a' Chomataidh air: *audience and consumer outcomes; talent and skills outcomes; and stakeholder outcomes*.
- 15.6 Thug BML iomradh air leasachaidhean riaghlachais a dh'fhaodadh a bhith nam biodh comataidh ùr ann le ainm '*General Purposes*', a bhiodh a' coinneachadh dà thuras gach bliadhna agus a' coimhead air rudan mar buidseatan, fastadh bhuill agus àrd-oifigear, ro-innleachd fastaidh agus thuarastail, iomadachd, slàinte is sàbhailteachd agus msaa.
- 15.7 Thuirt e cuideachd gu robh e cumanta san latha an diugh gum biodh bùird aonadach (unitary boards), le measgachadh de bhuill gnìomhach (executive) agus neo-gnìomhach (non-executive) – mar eisimpleir am BBC agus S4C, no co-dhiù le àrd-oifigear air a' bhòrd – mar eisimpleir TG4. Mhol e gum biodh seo fo rannsachadh leis a' bhòrd.
- 15.8 Chaidh ceistean a chuir agus chumar deasbad. An luib na cuspairean a dh'èirich bha: ainm '*General Purposes*'; an diofar eadar dreuchdan nan Comataidhean; ròl na Comataidh Sgrùdaidh is Dearbhaidh; am feum airson '*comataidh nan cathraichean*".
- 15.9 Chaidh taing a thoirt do BML agus chaidh còmhraidhean a chumail eadar na buill air na puingeon a nochd sa phàipear.
- 15.10 **Co-dhùnadh:** Bha aonta choitinn ann mu na prionnsabalan ach bha aithne ann cuideachd gu robh feum air seo uile a tharraing ri chèile.
- 15.11 **Gnìomhan:** 1) thèid pàipear ullachadh le na h-oifigearan a' tarraing ri chèile a h-uile sian gu sgiobalta; 2) thèid "bùth-obrach" a chumail le Cathraichean nan Comataidhean; 3) thèid còmhradh a chumail le Ofcom; 4) thèid iarraidh air BML aithisg a sgrìobhadh air dè na h-adhbharan airson agus an aghaidh an t-àrd-oifigear a bhith air a' bhòrd, agus am biodh i no e nam ball de chomataidhean; 5) thèid dealbhachadh a dhèanamh air an diofar ròl aig a' Chomataidh agus Bòrd na Co-bhanntachd agus 6) chaidh moladh gun cuireadh Bòrd na Co-bhanntachd cuireadh gu Cathraiche Chomataidh Inbhean tighinn gu coinneimh. (Gnìomh: [MAMI/DC](#))

## **16 Poileasaidhean (bho chomataidh S&D)**

16.1 Bhruidhinn DMD mun phàipear agus gun deach obair teannachaidh a dhèanamh air na poileasaidhean a bha air beulaibh bhall – Poileasaidh IT, Poileasaidh Brìbearachd agus Poileasaidh Innsearachd.

16.2 **Co-dhùnadh:** Dh'aontaich na buill ri na h-atharraichean.

16.3 **Gnìomhan:** 1) thèid trèanadh a chuir air dòigh gus na poileasaidhean a thoirt gu aire an luchd-obrach agus 2) thèid Poileasaidh Dion-Saidhbear a chruthachadh. **(Gnìomh: DMD)**

## **17 GISBE**

17.1 Cha robh gin.

## **18 Deit na h-ath choinneimh – 11/2020**

Ainm sgrìobhte a' chathraiche:

Deit: